



National 4
Course
Specification



Sònrachadh Cùrsa Gàidhlig Nàiseanta 4

Bho Lùnastal 2013

An deasachadh seo: Giblean 2013, dreach 1.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Cnàmhan a' Chùrsa

Tìotal a' Chùrsa: Gàidhlig Nàiseanta 4

SCQF: ìre 4 (24 puingeann creideis SCQF)

Còd a' Chùrsa: ri thighinn

Aonadan Riatanach

Gàidhlig: Mion-sgrùdadh agus Luachadh (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
Gàidhlig: Cruthachadh agus Dèanamh (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
Gàidhlig: Litearrachd (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF

Aonad Luach-Leasaichte

Gàidhlig: Pìos-obrach (Nàiseanta 4) **6 puingeann creideis SCQF**

Tha an Cùrsa seo a' gabhail a-steach sia puingeann creideis SCQF airson measadh air luach-leasaichte san Aonad Luach-Leasaichte. Tha fiosrachadh a bharrachd mun Aonad seo ri fhaighinn san earrainn air Measadh.

Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, agus an t-eòlas a dh'fheumar fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ Cùrsa Gàidhlig Nàiseanta 3 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

A thaobh ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait iomchaidh airson an Cùrsa seo a dhèanamh cuideachd. Tha tuilleadh fiosrachaidh air eòlasan agus builean buntainneach air a thoirt seachad ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ teisteanasan eile ann an Gàidhlig no raointean co-cheangailte
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairginn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus air a' cleachdadh ionnsachadh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus air cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlàn agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha cànan agus litearrachd cudromach gu pearsanta, gu sòisealta agus gu h-eaconomaigeach. Tha comas an luchd-ionnsachaidh air cànan a chleachdadh aig cridhe leasachadh agus innse nam faireachdainnean aca, smaoineachadh, ionnsachadh agus mothachadh air dearbh-aithne phearsanta.

Bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh leasachadh a thoirt air: sgilean ann an èisteachd, leughadh, labhairt agus sgrìobhadh, a tha riatanach airson ionnsachadh, beatha agus obair; comas na smuaintean agus na faireachdainnean aca a chur an cèill, agus dèiligeadh ri cuid dhaoine eile; agus meadhanan eadar-dhealaichte a chleachdadh gu h-èifeachdach airson ionnsachadh agus conaltradh.

Tha an Cùrsa a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh briathrachas, pàtrain facail, structaran teacsa agus stoidhle a thuigsinn agus a chleachdadh. Aithnichidh, mion-sgrùdaidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh cànan airson grunn adhbharan. Tron Chùrsa seo bidh luchd-ionnsachaidh comasach air cànan a thuigsinn agus a chleachdadh ann an co-theacsaichean practaigeach agus buntainneach.

Coinnichidh luchd-ionnsachaidh ri seòrsaichean teacsa eadar-dhealaichte ann am meadhanan eadar-dhealaichte. A' togail air na ceithir comasachdan, leigidh an Cùrsa le luchd-ionnsachaidh conaltradh agus breithneachadh a dhèanamh, mothachadh cultarail a leasachadh agus a bhith cruthachail. Togaidh luchd-ionnsachaidh sùim ann an dualchas litreachail agus cànanach na h-Alba.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

'S e prìomh adhbhar a' Chùrsa cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh sgilean èisteachd, leughaidh, labhairt agus sgrìobhaidh a leasachadh gus an tuig agus an cleachd iad a' Ghàidhlig.

Mar a leasaicheas luchd-ionnsachaidh an sgilean litearrachd, bidh e nas fhasa dhaibh fiosrachadh a làimhseachadh, eòlas air cànan a chleachdadh ann an co-theacsaichean practaigeach agus buntainneach, agus misneachd fhaighinn gus gnìomhan ùra, nas dùbhланаiche a ghabhail os làimh ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte.

Bheir an Cùrsa cothroman do luchd-ionnsachaidh tòrr sgilean a leasachadh agus a leudachadh. Gu sònraichte, tha e na amas aig a' Chùrsa gun leasaich luchd-ionnsachaidh:

- ◆ an comas èisteachd, leughadh, labhairt agus sgrìobhadh a dhèanamh sa Ghàidhlig, a rèir an adhbhair, an luchd-amais agus a' cho-theacsa
- ◆ an comas teacsaichean a thuigsinn, a mhion-sgrùdadh agus a luachadh, a rèir an adhbhair agus an luchd-amais, ann an co-theacsaichean litreachais, cànan, mheadhanan agus cultair
- ◆ an comas teacsaichean a chruthachadh agus a dhèanamh, a rèir an adhbhair, an luchd-amais agus a' cho-theacsa
- ◆ an comas plana agus rannsachadh a dhèanamh, ag amalachadh agus a' cleachdadh sgilean cànan a rèir an adhbhair, an luchd-amais agus a' cho-theacsa
- ◆ an comas eòlas air cànan a chleachdadh
- ◆ eòlas air dualchas cultarail na Gàidhlig, agus dualchas cultarail dhaoine eile

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Bheir an Cùrsa seachad sùbailteachd, pearsanachadh agus roghainn a leigeas le luchd-ionnsachaidh coileanadh ann an dòighean eadar-dhealaichte aig luaths eadar-dhealaichte. Tha an Cùrsa freagarrach do dh'fhileantaich agus do luchd-ionnsachaidh a fhuair foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Bheir an Cùrsa cothroman do luchd-ionnsachaidh togail air ionnsachadh ro-làimh ann am foghlam farsaing, coitcheann no ann an teisteanasan Gàidhlig aig ìre SCQF nas ìsle, no bho theisteanas Gaelic (Learners). Seall air stiùireadh SQA [Guidance on Allocation to Gàidhlig or Gaelic \(Learners\) Programmes of Study and Qualifications](#), air cho iomchaidh 's a tha teisteanasan Gàidhlig.

Cuideachd, bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh barrachd tuigse fhaighinn air mar a tha cànan ag obrachadh, agus cànan a chleachdadh gus beachdan agus fiosrachadh a chur an cèill sa Ghàidhlig; smuaintean cruthachail agus breithneachadh a chleachdadh gus beachdan agus argamaidean a cho-chur; sgilean breithneachaidh litearrachd agus sgilean pearsanta, eadar-phearsanta agus obrachadh-buidhne a leasachadh; agus barrachd tlachd agus tuigse a bhith aca a thaobh a' chànain agus a' chultair aca fhèin, agus cuid dhaoine eile.

Tha an Cùrsa a' brosnachadh sùim ann am mothachadh air cànan agus ann an raon farsaing de litreachas agus teacsaichean. Leigidh seo luchd-ionnsachaidh a-steach dhan dualchas chultarail agus dhan eachdraidh aca fhèin, cho math ri cultar agus eachdraidh dhaoine eile.

Bheir Gàidhlig Nàiseanta 4 cothrom do luchd-ionnsachaidh sgilean cànan neo-fhillte a leasachadh ann an co-theacsaichean litreachais, cànan, mheadhanan agus cultair.

Tha an Cùrsa air a dhealbh gus a bhith ruigsinneach. Tha na h-Aonadan air an eagrachadh a rèir sgilean èisteachd agus leughaidh agus sgilean labhairt agus sgrìobhaidh ann an cànan.

Bheir an Cùrsa cothroman airson adhartas dìreach agus tarsainn gu Cùrsaichean Nàiseanta, agus gu teisteanasan SQA eile ann an Gàidhlig agus raointean co-cheangailte.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' Chùrsa

Tha ceithir Aonadan riatanach sa Chùrsa seo. Bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh an sgilean èisteachd, leughaidh, labhairt agus sgrìobhaidh a leasachadh gus cànan a thuigsinn agus a chleachdadh. Anns na ceithir Aonadan tha na ceithir sgilean cànan, èisteachd, leughadh, labhairt agus sgrìobhadh.

Leigidh structar nan Aonadan le luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air na sgilean a dh'fheumar gus cànan a thuigsinn agus a chleachdadh agus a bhith ag amalachadh sgilean èisteachd, leughaidh, labhairt agus sgrìobhaidh thar nan Aonadan. Bheir gach Aonad cothroman cuideachd do luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air sgilean sònraichte.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an lìbhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Gàidhlig: Mion-sgrùdadh agus Luachadh (Nàiseanta 4)

'S e adhbhar an Aonaid seo cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh sgilean èisteachd agus leughaidh a leasachadh ann an co-theacsaichean litreachais, cànan, mheadhanan agus cultair. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh na sgilean a dh'fheumar gus teacsaichean neo-fhillte a thuigsinn, a mhion-sgrùdadh agus a luachadh.

Gàidhlig: Cruthachadh agus Dèanamh (Nàiseanta 4)

'S e adhbhar an Aonaid seo cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh sgilean labhairt agus sgrìobhaidh a leasachadh ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh na sgilean a dh'fheumar gus teacsaichean neo-fhillte a chruthachadh agus a dhèanamh ann an riochdan labhairteach agus sgrìobhte.

Gàidhlig: Litearrachd (Nàiseanta 4)

'S e adhbhar an Aonaid seo sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, èisteachd is labhairt an luchd-ionnsachaidh a leasachadh ann an grunn riochdan a' buntainn ri ionnsachadh, beatha agus obair. Fàsaidh luchd-ionnsachaidh comasach air beachdan agus fiosrachadh neo-fhillte, air a labhairt agus ann an sgrìobhadh, a thuigsinn. Fàsaidh luchd-ionnsachaidh comasach air beachdan agus fiosrachadh a chur an cèill, air an labhairt agus ann an sgrìobhadh, le cinnteachd theicnigeach.

Aonad Luach-Leasaichte: Gàidhlig: Pìos-obrach (Nàiseanta 4)

'S e adhbhar an Aonaid Luach-Leasaichte seo cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh an sgilean cànan a chleachdadh gus cuspair roghnaichte a rannsachadh agus aithris a thoirt air. Leigidh am pìos-obrach seo leis an neach-ionnsachaidh dùbhlán agus cleachdadh a shealltainn.

Cumhachan coileanaidh

Gus Cùrsa Gàidhlig Nàiseanta 4 a choileanadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh gach Aonad riatanach a phasaigeadh, a' gabhail a-steach an Aonaid Luach-Leasaichte. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhan a' Chùrsa.

Chan eil Cùrsaichean Nàiseanta 4 air an rangachadh.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha làn sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa air an toirt seachad ann an *Sònrachadh an Aonaid Luach-Leasaichte*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse riatanach a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo. Tha seo a' còmhach:

- ◆ sgilean èisteachd, leughaidh, labhairt agus sgrìobhaidh, a rèir an adhbhair agus an luchd-amais
- ◆ a' tuigsinn, a' mion-sgrùdadh agus a' luachadh theacsaichean neo-fhillte, a rèir an adhbhair agus an luchd-amais, ann an co-theacsaichean litreachais, cànan, mheadhanan agus cultair
- ◆ a' cruthachadh agus a' dèanamh theacsaichean neo-fhillte, a rèir an adhbhair agus an luchd-amais, ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach
- ◆ a' cleachdadh eòlas air cànan
- ◆ a' cleachdadh eòlas air dualchas cultarail na Gàidhlig, agus dualchas cultarail dhaoine eile

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònrachaidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF (www.sqa.org.uk/scqf).

Measadh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa* agus ann an *Sònrachadh an Aonaid Luach-Leasaichte*.

Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an *Sònrachadh an Aonaid*.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

Gàidhlig: Mion-sgrùdadh agus Luachadh (Nàiseanta 4)

Tro bhith a' sgrùdadh theacsaichean neo-fhillte ann an litreachas, cànan, meadhanan no cultar, cleachdaidh luchd-ionnsachaidh an sgilean èisteachd agus leughaidh gus fianais a thoirt air tuigse, mion-sgrùdadh agus luachadh, a rèir an adhbhair agus an luchd-amais.

Gàidhlig: Cruthachadh agus Dèanamh (Nàiseanta 4)

Bidh aig luchd-ionnsachaidh ri fianais a thoirt air an sgilean labhairt agus sgrìobhaidh gus teacsaichean neo-fhillte a chruthachadh agus a dhèanamh ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach, a rèir an adhbhair agus an luchd-amais. Bidh aig luchd-ionnsachaidh ri mionaideachd theicnigeach a shealltainn ann an teacsaichean sgrìobhte.

Gàidhlig: Litearrachd (Nàiseanta 4)

Bidh aig luchd-ionnsachaidh ris na sgilean leughaidh, èisteachd, sgrìobhaidh agus labhairt aca a dhearbhadh ann an grunn riochdan air a bheilear eòlach a' buntainn ri ionnsachadh, beatha agus obair. Thèid na ceithir sgilean uile a shealltainn a' cleachdadh theacsaichean neo-fhillte a tha stèidhte air faclan agus a tha ann an co-theacsa fuincseanach/fiosrachail. Seallaidh luchd-ionnsachaidh gu bheil iad comasach air èisteachd ri teacsaichean neo-fhillte, an leughadh agus an tuigsinn. Seallaidh luchd-ionnsachaidh gu bheil iad comasach air fiosrachadh simplidh, ach mionaideach, agus beachdan a chur an cèill tro labhairt agus ann an sgrìobhadh, a tha a' sealltainn eòlas air mionaideachd theigniceach.

Bidh aig luchd-ionnsachaidh ris an leughadh, èisteachd, sgrìobhadh agus labhairt aca a dhearbhadh ann an grunn riochdan a' buntainn ri ionnsachadh, beatha agus obair. Seallaidh luchd-ionnsachaidh gu bheil iad comasach air teacsaichean neo-fhillte a leughadh, èisteachd riutha agus an tuigsinn. Seallaidh luchd-ionnsachaidh gu bheil iad comasach air conaltradh tro labhairt agus ann an sgrìobhadh. Bidh aig luchd-ionnsachaidh ri mionaideachd theicnigeach a shealltainn ann an teacsaichean sgrìobhte.

Aonad Luach-Leasaichte

Tha measadh air [luach-leasaichte](#)¹ ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd-ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 4, thèid luach-leasaichte a mheasadh ann an Aonad Luach-Leasaichte. Dèiligidh an t-Aonad Luach-Leasaichte ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlán agus cleachdadh.

Ann an Cùrsa Gàidhlig Nàiseanta 4, cuiridh an t-Aonad Luach-Leasaichte fòcas air:

- ◆ dùbhlán
- ◆ cleachdadh

Bidh aig luchd-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad gu bheil iad comasach air na sgilean cànan aca a chleachdadh gus cuspair roghnaichte a rannsachadh agus aithris a thoirt air. Seallaidh luchd-ionnsachaidh gu bheil iad comasach air fiosrachadh buntainneach a thaghadh agus a luachadh a' cleachdadh an sgilean leughaidh, na toraidhean aca a thaisbeanadh ann an labhairt, agus ceistean air a' chuspair roghnaichte a fhreagairt a' cleachdadh an sgilean èisteachd.

Tha eisimpleirean de dhòighean measaidh airson nan Aonadan rim faighinn anns a' *Ghoireas Measaidh Nàiseanta*.

¹ Gheibhear mìneachaidhean an seo: www.sqa.org.uk/sqa/45528.html

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa stèidhte air *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fìghe a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh
- 1.3 Èisteachd is labhairt

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 A' cleachdadh
- 5.4 A' mion-sgrùdadh agus a' luachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. Bidh ìre nan sgilean sin iomchaidh airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fìghe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: Giblean 2013 (dreach 1.0)

Sàr-chlas: ri thighinn

Eachdraidh atharraichean ann an Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Mion-fhiosrachadh a' Chùrsa	Dreach	Iomradh air an atharrachadh	Ùghdarrachtaile	Deit